STORYWORLDS

# A' Ghrian agus a' Ghaoth



Air ath-innse le Susan Akass • Dealbhan Helen Floate

# A' Ghrian agus a' Ghaoth



Air ath-innse le Susan Akass

Dealbhan Helen Floate

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Uair a bha siud
chunnaic a' ghrian agus a' ghaoth
nighean bheag le còta dearg.



Thuirt a' ghaoth ris a' ghrèin,
"Bheir mise an còta far an nighinn bhig."



“Cha toir. Chan urrainn dhut,” thuirt a’ ghrian.
“’S urrainn,” thuirt a’ ghaoth.



Shèid agus shèid a' ghaoth.

Shiab i an t-aodach far an ròpa.

Shiab i na duilleagan far na craoibhe.



"Cha toil leam a' ghaoth,"
thuirt an nighean bheag.
"Dùinidh mi mo chòta."



Shèid agus shèid a' ghaoth.
"Cha toil leam a' ghaoth,"
thuirt an nighean bheag.



Shèid agus shèid a' ghaoth
ach cha b' urrainn dhi an còta a thoirt
far an nighinn bhig.



Thuirt a' ghrian ris a' ghaoith,
"Cha tug thu an còta far an nighinn bhig."



"Ach bheir mise,"
thuirt a' ghrian.
"Bheir mise an còta far an nighinn bhig."



“Is toil leam a’ ghrian,”
thuirt an nighean bheag.
“Bheir mi dhìom mo chòta a-nis.”



“Ha! Ha!” thuirt a’ ghrian.

“Thug mise an còta far an nighinn bhig.”